Typo. p. 270



THE SPIRITUAL WARFARE.

AN COGADH SPIORADAIL:

SEARMOIN

LE

TORMAID MACLEOID, D.D.,

MINISTIR EAGLAIS CHOLUM-CHILLE, AN GLASCHU.


"Abair ri cloinn Israeil dol air an aghaidh."—Exod. xiv. 15.

GLASGOW:

J. & P. CAMPBELL, 24, GLASSFORD STREET.

MDCCCXLI.

Chaidh an Searmon a' leanas a shearmonachadh ann an Eaglais Cholum-Chille, an Glaschu, bho cheann a' nis corr 'us dà bhliadhna, air feasgar Sàbaid-comanachaidh. Tha aobhar-dòchais gu'n d'rinn an Spiorad a beannachadh air an fheasgar sin do chuid dhiubhsan a bha làthair. Air dian-iarrtas mòran de'n luchd-éisdeachd, ghealladh a clò-bhualadh. Tha i 'nis air a cur a mach le mór-irioslachd, le ùrnuigh dhùrachdaich gu'n deanadh an Spioradh Naomh a beannachadh dhoibhsan a leughas i, chum mar so gum bi i na meadhon gu càileigin de mhisnich agus do neart a thoirt dhoibhsan a fhuair sealladh air plàigh an cridheachan féin—tha 'g iarraidh Shioin le'n aghaidh d'a ionnsuidh, agus aig a' bheil feum air a' ghuth nèamhaidh, "Rachaibh air 'ur n-aghaidh."



SEARMOIN.

"*Abair ri cloinn Israeil dol air an aghaidh.*"—
Exodus xiv. 15.

Ged bu bheag agus ged bu lag a' bhuidhionn clann Israeil 'nuair a chaidh iad sìos do'n Eiphit, cha b'fhada gus an do mheudaich iad gu mòr. Chaidh iad sìos trì fichead pearsa agus sia; ach ceithir cheud bliadhna 'na dhéigh sin, 'nuair a chunnaic Dia iomchuidh an toirt air an ais, bha iad 'nan sluagh mòr—'nan cinneach cumhachdach —mu thimchioll sia ceud mìle fear comasach air iomairt arm, a bharrachd air mnathaibh agus cloinn, agus sean daoine. Chaidh ioma sluagh eile suas mur an ceudna maille riu, agus treudan, agus buar, agus ro mhóran spréidhe. Mar so chaidh iad a mach á Tìr na Daorsa, an sluagh bu, lìonmhoir ghabh riamh an turus le chéile—am feachd bu mhò bha riamh fo'n aon cheannard; gun a h-aon diubh lag no tìnn; dh'imich iad a mach ann an ordugh catha, fo Mhaois, an t-ard cheannard a chuir Dia os an ceann; agus threóraich e iad mar a dh'àithn Dia dha, mu'n cuairt air slighe fásaich na mara ruaidhe; agus chaidh an Tighearna Dia e féin romhpa'san là, 'na charragh neòil chum an treòrachadh air

an t-slighe, agus anns an oidhche mar mheall teine thoirt soluis doibh, gu imeachd a là agus a dh'oidhche. Am b'urrainn doibh gun a mhothuchadh gu'n robh Dia maille riu? Fosgladh iad an sùilean a latha no dh'oidhche, agus, bha dearbhadh siolleir aca, air an fhìrinn mhóir so, fhad's a bha baideal neòil os an ceann mar sgàil san latha, agus meall teine san oidhche a' taisbeanadh a làthaireachd ghlòrmhoir? Am b'urrainn doibh teagamh a chur 'na chaoimhneas, 'nuair bha dorchadas mar fhear-ìuil 'gan treòrachadh, agus meall teine mar fhear-dìon 'gan còmhnadh? Bu ghealtach, meat, gu dearbh an cridhe a dh'fàilnicheadh agus Dia, ann an cainnt cho soilleir ag ràdh riutha—"Feuch tha mise maille ribh, na biodh eagal oirbh, oir 's mise ur Dia." Có shaoileadh gu'm meataicheadh iadsan, agus gu'm fàilnicheadh am misneach a thug Dia mach as an Eiphit le 'làimh thréin?—iadsan a chuala gaoir bhròin nan Eiphiteach agus bàsbhualadh an uamhais, san oidhche sin anns na bhuail aingeal an Tighearna ceudghin na h-Eiphit —o cheud-ghin Pharaoh a bha 'na shuidhe air a rìgh-chathair, gu ceud-ghin a chiomaich a bha 'n sàs ann am braighdeanas a' phrìosain; agus so uile chum iadsan a thearnadh—chum misneach a thoirt doibhsan, a phobull, a mhianaich e a theasraiginn o laimh an naimhdean. Cha 'n eil fhios ciod an t-ioghnadh is mò, Pharaoh, an deigh na chunnaic e, a' falbh air tòir a' phobuill so, no iadsan fo eagal romh Pharaoh. 'Se Dia féin a

chruadhaich cridhe an duine uaibhrich so 'nuair a lean e air tòir dhaoine a chaidh a mach o a 'dhùthaich le làimh cho ard; ach chaidh e mach air an tòir, le eachaibh 's le carbadaibh, le marcaichean agus le sluagh mòr; agus 'nuair a thog clann Israeil suas an sùilean, feuch bha na h-Eiphitich so air an tòir! agus ghabh iad eagal mòr. Eagal! agus sgàil Tighearna nam feart sgaoilte thairis orra? Rinn iad monmhur an aghaidh Mhaois (11 rann) agus thuirt iad ris. "An ann a chionn nach robh uaighean san Eiphit a thug thu leat sin gu bàs fhaghail san fhàsach?" C'arson a thug thu sinn a mach as an Eiphit? B'fhearr leinn, ars' iadsan, a bhi 'nar tràillean san Eiphit, na bàs fhaotainn san fhàsach! Bhrist daorsa na h-Eiphit an spiorad; b'fhearr leo bàsachadh mion air mhion ann an tràilleachd, na bàsachadh an slighe an dleasdanais, a'cath airson saorsa agus beatha. Ach feoraicheamaid ciod a chuir eagal orra! Agus gu deimhin imridh sinn aideachadh gu 'n robh iad air an àm ann an téinn rò uamhasach—bha iad ann an gleann domhain, beannta mòra cas, corrach, air gach taobh dhiubh —a' mhuir ruadh romhpa, agus nàmhuid bhorb choimheach, feachd mòr sgaiteach, gu dian air an tòir, eadhon cheana 'nan sealladh, a' togail buaidh chaithream àrd os an ceann. Chaill iad am misneach—dh'éirich iad an aghaidh Mhaois. C'arson, ars' iadsan, a rinn thu so oirnn? b'fhearr leinn nach d'thug thu riamh sinn a mach as an Eiphit.

Nach taitneach ri'n éisdeachd briathra Mhaois? (13 rann)—"Na biodh eagal oirbh; seasaibh, agus faicibh slàint' an Tighearn, a dh'oibricheas e dhuibh an diugh; oir na h-Eiphitich a chunnaic sibh an diugh, cha'n fhaic sibh iad a chaoidh tuilleadh. Cogaidh an Tighearn air bhur son, agus fanaidh sibhse 'nur tosd." Dh'iarr Maois comhairle o Dhia: 's esan amhàin a b'urrainn an teasraiginn; 'na leithid a dh-àm, 'se 'ghuth a b'fhiach éisdeachd. "Cluinnibh matà O nèamhan, agus tabhair eisdeachd O thalaimh, oir tha'n Tighearn a' labhairt." Thubhairt an Tighearna ri Maois, ann am briathraibh stéigh mo theagaisg—"C'arson a ta thu 'g éigheuch riumsa? Abair ri cloinn Israeil dol air an aghaidh." Dol air an aghaidh! an ann troimh dhoimhneachd a' chuain? An robh iad ri'n uchd a chur ris an tonn, agus dol air an aghaidh mar gu'm b'fhearann tioram a bhiodh ann? O Dhia! thus a thug seachad an àithne, 's tusa amhàin a b'urrainn an slighe a réiteachadh, agus cumhachd a thoirt seachad an àithne thainig uait a choimhead. Có dh'fhaodas bacadh a chur air do làimh, no grabadh a chur ortsa a thubhairt, "Biodh solus ann," agus bhà e ann air ball? Tha an cridhe air a lionadh le h-eagal, le uamhas naomh, agus àrd-aoibhneas, ann an leughadh na h-eachdraidh so. Thubhairt Dia, Rachaibh air ur 'n-aghart; agus réitich Maois an t-slighe mar a dh'àithn Dia. Thog e an t-slat; shìn e a mach a làmh os-cionn na fairge, agus sgoilt e i. Rinn e an fhairge 'na

fearann tioram, agus chaidh clann Israeil a steach 'na meadhon; agus bha na h-uisgeachan 'nam balla dhoibh, air an làimh dheis agus air an làimh chlì. 'Se Dia a rinn so. 'S ro iongatach 'nar sùilean a ghnìomhara gu léir.

A mhuinntir ionmhuinn: ged a labhradh na briathran so ri pobull àraid, agus air còmhail àraid, gidheadh tha iad freagarach mar stéigh-theagaisg dhòmhsa air feasgar an latha so; agus faodar earail agus comhairle 'tharruing uapa, a bhitheas, le còmhnadh Dhé, feumail agus tarbh-ach an deaghaidh na seirbhis chudthromaich air an robh sinn an diugh a' feitheamh anns an àite so—Dia a shocrachadh ar n-inntinn 'na eagal féin, agus a chuideachadh leinn labhairt agus éisdeachd air mhodh a bhios trid Chriosd fogh-ainteach, chum math ar n-anma chur air aghaidh!

Air tus: tha'n earrann so do dh'fhocal Dé a' teagasg dhuinn gu'm feud dùil a bhi againn ri duilgheadais agus cruadal air slighe ar dleasnais. Is fìor briathra Chriosd, "'S ann trid mòran fulangais a theid neach a stigh do nèimh." Fhad 's a tha'n Criosduidh san fheòil, feudaidh dùil a bhi aige ri deuchainnean. Cha do sguir saothair agus cruadal nan Isrealach 'nuair a thug Dia iad a mach as an Eiphit; na h-uile ceum d'an turus, choinnich deuchainnean ùr iad. Ma tha sibhse 'nar luchd-muinntir an Tighearna, thug Criosd a mach sibh á daorsa spioradail; faodaidh dùil a bhi agaibh ri deuchainnean gu mòr ni's miosa. Cha'n e sìth no suaimhneas ris am feud dùil a bhi

agaibh o so a mach, ach cath agus còmhstri, faire agus faicill. Gach neach leis am b'àill fearann a' gheallaidh a ruigheachd, imridh e spairn chruaidh a dheanamh, agus a bhi ann an éididh-cogaidh an aghaidh 'uile naimhdean—imridh e an cath a chur gu duineil, uile armachd Dhé a chur air, agus cruadal fhulang mar dheagh sheirbhiseach an Tighearna Iosa Criosd. Tha ioma duilgheadas air slighe a' Chriosduidh air an iomair e làmh-an-uachdar fhaotainn—ioma ceaptuislidh r'a sheachnadh—ioma nàmhuid cumhachdach, ìnnleachdach, a stigh agus a muigh, ri cath 'nan aghaidh. Tha uile naimhdean Chriosd ann an ceanglas daingean dlùth, fo cheannardachd sheòlta ard-namhuid ar n-anmannan a' dol a mach 'nar n-aghaidh. Imrear cogadh riu gach latha agus gach uair. Cha'n fheudar sìth a dheanamh riutha, no gu là-bhràth a bhi 'n càirdeas riutha. Cha d'thug Dia clann Israeil air an t-slighe bu ghiorra, 's bu shocraiche gu fearann a' gheallaidh, ach troimh 'n fhàsach; agus gach neach aig a' bheil a shùil air a' Chanaan spioradail shuas, tha naimhdean ni's leòir air gach taobh dhe g'a bhacadh, agus ag iarraidh a mhilleadh. Cha dealaich Satan gun iomadh oidhirp agus ioma deuchainn riùsan tha aige aon uair an daorsa. Cha'n eil ìnnleachd 'na chomas nach cleachd e gus an aomadh air an ais. 'Nuair chronaich Criosd an spiorad neò-ghlan, agus a dh'àithn e dha tighin a mach as an òganach—"A spioraid *bhailbh bhodhair*, tha mi 'g òrduch-

adh dhuit thig a mach as, agus na deirig a steach ann ni's mò ;"—'nuair chunnaic an spiorad gu'm b'éiginn da bhi ùmhal, ghlaodh e gu h-àrd, reub e an t-òganach gu ro chràiteach, agus chaidh e mach as, agus bha an t-òganach an riochd mairbh. Cha'n ann gun oidhirpean uamhasach a dhealaicheas e ri anmannan a bha aon uair aige, agus a tha air an toirt uaithe le Criosd; agus ged a *dhealaicheas* e riutha air an àm, cha dealaich e riutha gu tùr—fàgaidh e iad, mar rinn e Criosd, car tamuill, gu tilleadh a rithist 'nuair a gheibh e 'n ath chothrom. Buinidh e riutha ceart mar a rinn Pharaoh. 'Nuair chunnaic e nach b'urrainn e clann Israeil a chumail na b'fhaide, 'nuair a b'éiginn da leigeil leo imeachd, gidheadh lean e iad le carbadan, le eachaibh, le'uile chumhachd, chum bualadh orra sa' cheud bhealach cumhann sam faigheadh e iad. Mar so ardnàmhaid ar n-anama. Gu ruig a' mhionaid mu dheireadh d'ar saoghal anns an tilg sinn an deò, tha e 'feuchainn ri'r milleadh agus ri'r sgrios, a' cleachdadh na h-uile ìnnleachd, na h-uile seòltachd, chum ar mealladh, agus ar n-anama a mhilleadh gu siorruidh. Agus O mo chàirdean, ma tha àm seach àm anns a' bheil e ni's oidhirpiche no chéile, ma tha latha ré na bhliadhna air a' bheil an t-aibhisteir so ni's saoithriche no là eile, 'se feasgar an latha diugh an t-àm. San àm sa'm bheil daoine mealtuinn sochairean urramaichte, mór-shochairean spioradail a' chùmhnanta nuaidh, tha iad 'an cunnart. Tha cuimhn' agaibh

mar thachair do'n Abstol Phòl (2 Cor. xii. 7). Bha fradharc agus taisbeanadh glòirmhor mu nithe àrd spioradail air a dheònachadh dha. Cheadaich Dia do Shàtain a bhi 'n sin car tamuill a' gleachd ris, chum a bhualadh agus a chlaoidh. " Dh'éigh mi 'n sin," ars' esan, " ri Dia trì uairean, agus dh'imich e bhuam." Tha Dia toilichte soilleireachadh mu dhéibhinn nithe àrd spioradail 'thoirt d'a phobull air uairibh, a' lìonadh an cridheachan le aoibhneas agus subhachas, air chor 's nach feud an t-anam gun éigheach a mach, maille ri Peadar, " 'S math a bhi 'n so." Ach air an àm sin féin, tha duine dlùth do bhuaireadh—an t-aibhistear a' feitheamh feuch ciod am barrachd cothrom a gheibh e gu goid a stigh, mar rinn naimhdean Bhabilon air dhoibh an geataichean fhàgail fosgailte, gun saighdear gun fhreiceadan. Guidheam oirbh mata, tha ag òl amhnuichean sòlais an diugh san àite so, tha riarachadh ur n-anmanna le aoibhneas agus gràdh, a fhuair sealladh éibhin agus ait, a chuir ur cridheachan am farsuinneachd, agus a lìon sibh le ùr-ghairdeachas, bithibh furachail agus air ar faicil: cuimhnichibh gu bheil sibh fhathast san fheòil. Gleidhibh, agus na caillibh na fhuair sibh. Cumaibh na duilgheadais air an robh mi 'labhairt n'ur beachd, agus amhaircibh a mach air an son.

A rithist, tha duilgheadais lìonmhor a choinnicheas sibh *o'n t-saoghal.* Ma thréigeas sibh dia an t-saoghail, cha bhi muinntir an t-saoghail

toilichte. 'Nuair bha Noah 'cur na h-àirc r'a chéile, tha sinn a' leughadh (Luc. xi. 21, 22) gu'n do *dhìt* e an t-saoghal; agus sibhse, ann an tréigsinn an t-saoghail, tha sibh a' dìteadh muinntir an t-saoghail. Tha an creidimh agaibhse a' dìteadh an ana-creidimh acasan—an t-eagal tha oirbhse a' dìteadh an dànadais acasan—ur n-ùmhlachd a' dìteadh an easumhlachd acasan. Ged robh sibh 'nur tosd, tha ur gniomhara Criosdail 'gan dìteadh; agus mar is soilleire dhealras an solus agaibhse, 's ann is mò a chìthear an dorchadas anns a' bheil iadsan. Na bitheadh iongatas oirbh ged a dh'éireadh iad suas 'nur n-aghaidh le spìd, le tàir, le magadh. O! a luchd-comanachaidh, gu h-àraid a luchd-comanachaidh òg, tha sùilean an t-saoghail oirbhse an nochd. Tha ur seana chompanaich ag ràdh, " Leig leotha; rinn iad aidmheil mhór, ach tuitidh iad air an ais." Tha iad cosmhuil ri Pharoah, a' cur an eachaibh agus an carbadan an ordugh, an uile ìnnleachdan mallaichte. Bheir iad deuchainn air muin deuchainn oirbh; feuchiad gach dòigh; tilgidh iad na h-uile ceap-tuislidh 'nur slighe; sgaoilidh iad an ribe agus an lìon air ur-son—na h-uile ìnnleachd mhallaichte gus ur n-anamannan a ghlacadh

Ach, a Chriosduidhnean, 's ann o'r cridheachan féin a ta na duilgheadais a's mò a' struthadh. So an nàmhaid a's miosa air fad—an fheòil, an truaillidheachd, agus a' choirbeachd sin a tha do ghnàth a chomhnuidh an taobh a

stigh dhinn. So nàmhaid a tha 'gar leantuin gun imrich gun chéilidh, a' falbh leinn gach taobh a théid sinn, a' luidhe sìos agus ag éiridh leinn, air a bhreith agus air 'àrach maille ruinn, taisgte 'nar broilleach, a chòmhnuidh 'nar cridhe, agus a' fosgladh an rathaid do na h-uile námhaid eile tha againn. So an lagh air an robh an t-Abstol Pòl a' gearan—lagh a' cogadh an aghaidh lagh na h-inntinn, agus a thug air éigheach a mach, "O 's duine truagh mi! có shaoras mi o chumhachd a' bhàis so?" Nam bu mhiann leibh a bhi seasmhach ris na bóidean a ghabh sibh an diugh, cuimhnichibh na cunnartan a tha roimhibh, na duilgheadais a tha san rathad. Nam bu mhiann leat dol air t-aghaidh do fhearann na sìth, uidheamaich t'anam airson na còmhraig. Ma ghabh sibh dìon ann an Criosd mar ur ceannard, ma ghabh sibh dìon f'a bhrataich, criosluichibh oirbh ur n-eididh-cogaidh. Tha na cunnartan lìonmhor. Bidh sibh gu tric ann an gleann cumhann, driseach, fàsachail; na beannta corrach, cas, air gach taobh; an nàmhaid 'nur déigh. Fàsaidh an cridhe lag; meataichidh an t-anam; bidh sibh ullamh gu ràdh, " C'arson a thug thu sinn an so? B'fhearr leinn a bhi 'nar tràillean anns an Eiphit, fuireach mar a bhà sinn, na tighin fo sheirbhis ris a' bheil co liutha duilgheadas fuaighte—ar toirt gu teinn as nach urrainn duinn sinn féin a a thèarnadh."

II. Ach, a mhuinntir ionmhuin, cha leòir dhuibh *dùil* a bhi agaibh ri duilgheadais, ach

cuimhnichibh gu'n imir sibh cur 'nan aghaidh. Tha mi ag ràdh ribh. Anns *an dara àite*, nach h-e amhàin gu'n imir an Criosduidh dùil a bhi aige gu'n coinnich e duilgheadais agus cruadail, ach cuimhnicheadh e mar an ceudna gu'n imrear cur 'nan aghaidh. Cha'n eil e air a cheadachadh do'n Chriosduidh gun taobh a ghabhail. Esan nach 'eil le Criosd, tha e 'na aghaidh. Imridh sinn gu dàna, misneachail, ar n-uchd a chur ris a' chruadal, agus a bhi dìleas do'n t-Slànuighear, an aghaidh peacaidh agus an diabhoil. 'Na leithid so a chàs, cha'n fheud sinn eadhon smuainteachadh co leis a dh'éireas sinn, no car tiota bhi an teagamh. Ni mò dh'imreas sinn géilleachdainn do dh'eagal. Biodh an duilgheadas mar thogras e, imridh sinn cur 'na aghaidh. Bagradh e mar is àill leis, cha'n fheud sinn sleamhnachadh gu tais-gealtach air ar n-ais. Imridh sinn a bhi deas uidhimichte gu sinn féin àicheadh, ach air sgàth ar n-anamanna gun Chriosd àicheadh. Imridh sinn ar crann-ceusaidh a thogail, agus esan a leantuinn. Imridh sinn a bhi deas toilichte, cha'n e amhàin gu dol gu prìosan air a shon, ach gu bàs, air àm sam bith anns an tig an deuchain 'nar rathad; agus nam faiceamaid an fhuirneis dhearg a nis m'ar coinneamh, agus air a teasachadh seachd uairean ni bu mhò na b'àbhaist, imridh sinn a ràdhainn, agus a dheanamh mar rinn Sadrach, Mesach, agus Abednego—" Biodh fios agad, O Rìgh! nach toir sinn seirbhis do dhéibh bréig, no aoradh

do'n iomhaigh òir a chuir thu suas." Ni mò, a bhraithrean, a dh'fheudas na duilgheadais a tha 'nar rathad ar cur gu dìobhail misnich. C'arson tha inneil-chatha air an deasachadh agus air an uidheamachadh air arson ? C'arson tha buaidh air a ghealltainn duinn air a' cheann mu dheireadh, ma tha sin ri fannachadh co tric 's a tha duilgheadais a' cruinneachadh m'ar timchiol ? 'Sann an àm cunnairt a dh'fhainghear an saighdear. "Ma tha'n t-iarunn maol," arsa Solamh, "imrear faobhar a chur air, no an tuille spìonnaidh a chleachdadh." Ma dh'fhairgheas sinn ar neart a' fannachadh air àm sam bith, cha'n eil againn ach dol g'a ionnsuidh-san a gheall gu'n athùraicheadh se e, cho mór 's gu'm feud sinn éiridh mar air sgiathan iolaire' agus gabhail air ar n-aghaidh gun fhannachadh gun sgìos. Ab-airbhith ar deuchainnean cha'n fheud sinn dol air ar n-ais—cha'n eil e ceadaichte dhuinn eadhon *amharc* air ar n-ais, ma chuir sinn ar lamh ris a' chrann ; agus is esan amhàin a bhuadhaicheas gu deireadh a shealbhaicheas coron na buaidh. A chum mata ar brosnuchadh chum na cunnairt so a choinneachadh ; thugamaid fainear anns an

III. Aite, gu'm *feudar a' chuidas fearr fhaotainn diubh, gu'm feudar an coinneachadh gu buadhar.* Thoir fainear gealltannais Dhé ; tha iad cho lòmlàn do chomhfhurtachd agus aobhair mhisnich 's a b'urrainn duinn iaraidh. Ciod an teinn anns a' bheil thu ? 'Bheil an cuan mór

romhad? Ciod a tha sgrìobhta? (*Isa.* li. 10.) "Ni Dìa doimhneachdan na fairge 'nan slighe do'n mhuinntir shaorta gu dol thairis." 'Bheil thu am bealach cumhann, beinn chas chorrach air do dheis agus air do chlì? Ciod tha sgrìobhta? Sech. iv. 7. "Có thusa O shléibh mhóir? Roimh Sherubabel fàsaidh tu a' d' chòmhnard." An e t' anfhainneachd féin, do laigse tha 'cur eagail ort? Ciod tha sgrìobhta? "Feuch," arsa Dia, "cuiridh a h-aon agaibh mìle, dithis agaibh deich mìle air theicheadh." An e ur beag luach féin;—An e ur mi-thoillteannais? Ciod tha sgrìobhta? 1 Sam. xii. 22. Cha tréig an Tighearn a shluagh air sgàth a mhór ainme féin, do bhrigh gu'm bu toil leis an Tighearna bhur deanamh nar sluagh dha féin. Ciod è ged tha sibhse anfhann, lag agus an-airidh, ma tha Dia a' cath air ur son, ma tha spiorad an Uile-chumhachdaich a' dol a mach maille ribh? An ruig an léomhann a leas a bhi fo eagal am measg nan uan? Gidheadh so samhladh tha Dia a' cleachdadh gu tèaruinteachd a phobuill a chur an cëill. Bithidh fuigheall Iacoib ars' esan am measg nan Cinneach, am meadhon mhóran sluaigh, mar leomhannan am measg treudan chaorach. Micha v. 8. Na biodh eagal ort, arsa Dia, oir tha mise maile riut, bi fo dheagh mhisnich oir 's mise do Dhia. Gheall Dia buaidh do Ghideon a' dol a mach an aghaidh Mhidian agus Amalec, buaidh as eugmhais gairdean feòla. An earbsa r'a Dhia chuairtich e camp n'am Midianach le

trì cheud saighdear, ged robh na mìltean rompa: agus an trì cheud so, ciod na h-airm a thug iad leo? Gun chlaidheamh gun sgiath, ach trompaid 'nan làimh—soithichean falamh agus lòchrain anns na soithichean. Dh' àithneadh dhoibh an càmp a chuairteachadh, agus nuair gheibheadh iad am facal na soithichean a bhristeadh, na lòchrain a thoirt a mach' agus no tròmpaidean a shéideadh, agus gun dol a mach as an àit' an robh 'iad 'nan seasamh,—iad a ghlaodhach le chéile, " Claidheamh an Tighearn agus Ghideoin!" Rinneadh so mar an ceudna—ghlachd eagal an camp air fad— theich feachd nam Midianach gu léir, iadsan a bha lìonmhor mar na lócuist, agus, aig an robh càmhail gun àireamh, mar a' ghaineamh tha air tràigh na fairge an lìonmhorachd. Lean Gideon iad, agus sgriosadh gach anam dhiubh. 'Nuair thuig Gideon gu'n do ghairm Dia e chum na h-oibre chaidh e gu toileach misneachail air aghaidh. 'Se ar dleasnas fios fhaotainn ciod e toil Dhia; agus air dhuinn sin a thuigsinn, cha'n eil sinn ri comhairle chur ri fuil no feòil, ach "*dol*" gu togarrach sunndach "*air ar n-aghaidh.*"

Tha na duilgheadais lìonmhor — tha na nàimhdean làidir, ach tha comas aig Crìosduidhean teachd dlùth do Dhia ann an ùrnaigh. Eisdidh Dia iad, agus deònaichidh e dhoibh a' chobhair tha freagarach d'an staid. 'Se urnuigh Mhaois, agus cha'n e claidheamh Iosua thug buaidh. Ni Sàtan fanaid air gairdean feòla: do'n

Uile-chumhachdach amhàin strìochdaidh e. Nach Lebhiatan borb e 'nuair dhùisgear e: agus có esan a sheasas 'na làthair? Iob xli. 10. " Có a thig d'a ionnsuidh le a shrein dhùbailte? Lasaidh 'anail gual, agus thig lasair a mach as a bheul. Cha seas claidheamh an tì a bheanas ris, an t-sleagh, an gath, no 'n lùireach. Cha toir an t-saighead air teicheadh; agus ni e gàire ri crathadh sleagha; tha e 'na rìgh osceann uile chloinne an uabhair." 'S uamhasach so; ach cumhachdach mar so tha Sàtan: gidheadh gheibh urnaigh buaidh 'na aghaidh—esan a chathas air a ghlùinibh, gheibh e gu cinnteach buaidh; agus an Criosduidh is annfhainne air thalamh, ma thug Dia dha crìdhe cràbhach togarrach gu urnuigh, cha ruig e leas eagal a bhi air gleachd ro 'uile nàimhdibh: cha ruig e leas eagal a bhi air an slighe a dhleasdanais.

Nan tugadh na h-Israelìch fainear na rinn Dia air an son roimhe sin, cha ruigeadh iad a leas a bhi fo eagal airson aona chumhachd a b'urradh Pharaoh thoirt 'nan aghaidh. Có bhachd an t-aingeal millteach o iadsan a sgrios? Na cuireadh na h-uile nàmhaidean air thalamh, no an ifrinn eagal oirbh—bithibh dìleas d'ar ceannard agus cha'n eagal duibh—cuiribh earbsa 'na gheallainean, agus ciod air bith cruaidh-chas anns am bì sibh, canaibh maille ri Daibhidh (xciii. 3 & 4 rann, xlvi. 2 & 3 rann.)

Na tuiltean thog a suas, a Dhe,
  na tuiltean thog an guth ;
Seadh thog na tuilte suas gu h-àrd
  an tonna mor gu tiugh.

Is treise Dia ta 'n comhnuidh shuas,
  na fuaim nan uisge garbh ;
Is treise Dia na sùmainneadh,
  is tonna cuain gu dearbh.

" Mar sin ge d' ghluaist' an talamh tròm,
  ni h-aobhar eagail duinn :
Ge d' thilgteadh fòs na slèibhte mòr
  am builsgein fairg' is tuinn.

Na h-uisgeacha le beucaich bhuirb,
  ge d' rachadh thar a chèil' :
Le'n ataireachd ge d' bhiodh air chrith
  na beanntaidh àrd gu lèir."

Agus ma tha Dia maille ruinn, arsa 'n t-abstol, có dh'fhaodas a bhi 'nar n-aghaidh? Agus a nis an dêigh dho' mar so fhiachainn dhuibh gu'm faod dùil a bhi againn ri duilgheadais air slighe ar dleasnais ; II. gu bheil e mar fhiachaibh oirnn cur 'nan aghaidh: agus III. gu'm faodar a' chuid is fearr fhaotainn diubh, theid mi air m' aghaidh gu cuid a dh-earailibh agus do chomhairlean a thairgse dhuibh a thaobh an dòigh anns an còir dhuibh "*dol air ur n-aghaidh.*"

Sibhse, a luchd-leanmhuinn an t-Slanui'ear, a thug Dia le làimh thréin a chumhachd a mach á staid daorsa spioradail, aig a' bheil ur sùil ri Sion, tha 'g imeachd air ar n-aghaidh gu fearann na sìth,

éisdibh rium am feadh a dh' fheuchas mi focal no dha labhairt ribh freagarach do'n staid anns a' bheil sibh air an àm so. Chum so mata, nam bu mhiann leibh dol air ur n-aghaidh gu ceart, rachaibh air ur n-aghaidh gu *furachail.* Cha 'n eil an t-slighe cho soilleir thaisbeanta 's nach imir sibh a bhi 'gamharc roimhibh air gach àm. —'S éiginn ur sùilean a bhi do ghnàth fosgailte. Tha agaibh gu dearbh an *stuadh theine*, agus am *baideal neòil*, ach 's ann anns na Sgriobtura tha iad r' am faicinn—'s ann an sin a tha 'n riaghailt stiùraidh air an imir sinn ar gabhail a dheanamh—ann an teagasgaibh agus ann an samhladh Chriosd. Tha slighe àraid air a comharrachadh a mach dhuibh, agus a nùnn no nall o'n t-slighe sin cha n' eil e air a cheadachadh dhuibh dol.—Mar so ruithibh, arsa 'n t-abstol, a chum 's gu'm buadhaich sibh. Anns na réisean ainmeil sin a bha iad a' ruith fagasg air Corinth, agus air a' bheil an t-abstol cho tric a' tighin, bha riaghailt àraid aca; agus ruitheadh neach sam bith cho dian 's a thogradh e, mur ruitheadh e air an t-slighe bha air a tomhas, agus air a cuimseachadh a mach, cha choisneadh e an duais. Cumadh sibhse na Sgriobtura do ghnàth mu choinneamh ur sùl, agus gu h-àraid samhladh agus eisimpleir Chriosd—bithidh Esan mar reull-iùil ann an dorchadas an t-saoghail. Gabhaibh an lòchran so d' ar casaibh agus cha tuislich sibh—guidhibh gu dùrachdach air Dia, " O ! Dhia treòruich mi san t-slighe cheart, air eagal mo nàimhdean."

Tha sibhse ann an dùthaich ur nàimhdean—iad air gach taobh dhibh ag iarraidh ur milleadh, ribe agus gòisne agus buaireadh anns na h-uile bealach air an tionndaidh sibh. 'Nuair tha armachd ag imeachd ro' dhùthaich choimhich nàimhdeil tha luchd-freiceadain aca mach air gach taobh. Ma thuiteas iadsan 'nan cadal, tha 'n t-armachd air fad an cunnart. Ma tha long a' ruith san oidhche tre chaoil cumhann salach, tha fear-eòlais 'na fhaireachadh; ma thuiteas esan 'na chadal feudar an long s' na bheil innte a chall air a' cheud oitir fo shàile thig 'na rathad. Air an aobhar sin deanadh sibhse faire agus urnuigh a chum nach tuit sibh ann am buaireadh. 'Nuair thuit a' bhean *Nuadh Phòsda* 'na cadal, 's nach d' rinn i faireachadh, mun d' éirich i, dh' fhalbh fear a gràidh, agus bha i a' caoidh 's a' glaodhaich. Rachadh sibhse air ur naghaidh *gu furachail*, oir tha móran fhianaisean a' beachdachadh oirbh. Tha ur ministeirean, ur coimhearsnaich, luch-eòlais a chunnaic sibh an diugh aig bord an Tighearna: tha 'n saòghal, tha aingil na soillse, luchd-frithealaidh air oighreachan nan geallaidhnean ag amharc oirbh le imcheist agus cùram. Tha cumhachdan an dorchadais, le eud, le fanaid, le mì-run nàimhdeil—ach os ceann na h-uile fianuis tha Dia; an Dia mór uile-fhiosrach, uile-eòlach; a h-uile ceum tha sibh a' dol air ur n-aghaidh, 'sann 'na shealladh agus f'a bheachd. Anns na cluichean ainmeil a bha air an cleachdadh fagusg air Corinth bha anabharra

sluaigh cruinn o gach dùthaich a bheachdachadh orrasan a bha ruith na réis ; bha iad sin air an àrdachadh air aiteacha-suidhe bha air an togail suas, o'm b'urradh dhoibh sealladh farsuing fhaotainn air a' bhlar-réis.—Bha am Breithheamh air àrd chathair—a' dhuais na laimh—agus bha caithream an t-sluaigh ri eisdeachd gam prosnachadh ; agus ma tha àm sam bith am bheil e iomchuidh dhuibh a bhi furachail os ceann gach àm eile, 'se feasgar an latha so. Tha nàmhdean ur n-anma a nochd gu h-âraid 'nam faireachadh —tha iad a' beairteachadh an carbadan 's an cuid each gu dol 'nar déigh. Ged nach 'eil ni sam bith ni's iongataiche, cha 'n eil ni sam bith a's firinniche na gur h-ann 'nuair tha daoine sealbhachadh shochairean móra spioradail, sochairean spioradail a' chùmhnainte Nuaidh tha iad ann an cunnart àraid, agus a dh 'imreas iad a bhi furachail. Tha sibh ealamh gu bhi a nis, ro earbsach asaibh féin, ach 'se an t-àm am bheil daoine ro earbsach as an neart agus as an cunbhalachd féin a tha buaireadh fagusg dhoibh. Faicibh cho earbsach 's a bha Peadair as féin, 'nuair thuirt e r' ar Slànuighear, Ged dh'àicheidh gach uile dhuine thu, cha'n àicheidh mis' thu ! Agus is dearbh-chinnteach mi gu'm b'e so o ghrunnd a chridhe miann agus rùn 'anama ; ach 'nuair labhair e na ceàrt bhriathra so bha e air fiòr bhruaich a bhuairidh, ni a chosg dha féin ioma deur goirt 'na dhéigh sin : smaointichibh mar thachair dhasan, dh'aidich e gu misneachail gur h-e Criosd

bha maille ris air a' bheinn far an cual e a ghuth agus am fac' e a ghlòir, gidheadh co luath 's a labhair ban-seirbhiseach bhochd, mhionnaich agus bhóidich e nach b' aithne agus nach b' eól da Criosd. O! gabhaibh rabhadh o so; na bithibh ard-bheachdach, ach fiamhach: An ti a tha 'na sheasamh thugadh e fainear nach tuit e.

Earail eile bheirinn duibh, Rachaibh air ur n-aghaidh gu SEASMHACH. Cha'n fhogain tulgadh treun a thoirt sa'cheud dol a mach: 's esan a ruitheas gu deireadh amhàin a bhuannaicheas an duais; cha 'n e fear a dh' fhalbhas air tùs gu sìublach aotrom, ach fear a ruigeas crìoch na slighe gu treun tapaidh a gheibh an coron. Ma philleas neach sam bith air ais, cha bhi aig m'anam-sa tlachd ann, arsa Criosd; ach do'n ti a bhuadhaicheas bheir mi comas suidhe maille riumsa air mo righ-chaithir. Bithibhse dileas gu bàs agus gheibh sibh coron na beatha marionnaich; ach cha 'n ann mar so dhoibhsan a dh'fhalbhas gu math sa' mhaduinn, ach a mheataicheas fo theas na gréine—a stadas—a thuiteas 'na chadal agus nach éirich. B' ann diubh so clann Israeil. Bheathaich Dia iad; sgoilt e a' mhuir-ruadh air an son, agus rinn e nithe móra; ach dh'fhàs iad lunndach, mall-shiubhlach, leasg, gearanach; chaill iad an eud, agus dhì-chuimhnich iad Dia. Nuair a bheathaich Criosd an sluagh, ciod e nach deanadh iad air a shon? Lean iad e thar a'chaoil, ach 's luath tharruing iad air an ais, agus cha d' imich iad tuille maille ris.

Sibhse tha 'n diugh aig bord an Tighearn' ag aidmheil cairdeis ri Criosd agus 'ainglibh, tha e 'gràdh ribh, an teid sibhse mar an ceudna air ur n-ais? Is fearr gun tòiseachadh idir na sleamhnachadh air ar n-ais. Am bi sibhse coslach ris na saighdeara sin a leanas an ceannard fhad 's nach 'eil blàr r'a chur, no cruadal r'a fhulang? Gheibh Criosd gu leòir de'n t-seòrsa so g'a leantuinn—luchd-leanmhuinn samhraidh; ach cha fhreagair so dhuibhse. O bu sheasmhach e féin, bu làidir a gràdh, cha b' urrainn aibhnichean, no tuiltean a bhàthadh! Chaidh e air aghart a' buadhachadh, agus chum buadhachadh; gus fadheoigh an dubhairt e, tha gach ni crìochnaichte, agus dh' fhàg e againn samhladh gu a cheumannan a leantuinn. Rachadh sibhse mata air ur n-aghaidh o cheum gu ceum gu seasmhach; na bithibh gu bràth riaraichte leis na bheil agaibh, ach cosmhuil ri Pòl dichuimhnichibh na nithe ta 'nur déigh, bithibh ag iarraidh le cìocras anama chum na nithe tha roimhibh.

Tha na h-uile samhladh tha againn air obair agus dleasdanais Chriosduidhnean a' leigeil ris duinn gu bheil so mar fhiachaibh oirnn. A' bheil a ghiùlan air a choimeas ri solus?—'se solus na maidne a 'fàs ni's soilleire 's ni's soilleire. Ri sìol?—'se sìol fasmhor—am fochan maoth air tus; an sin an diasghorm—is fagheoidh an coilean buidhe reachdmhor.

'Bheil an Criosduidh a' ruith réis? agus a'

bheil e ceadaichte dha suidhe sios am meadhon a' bhlàr-ruith, no bhi 'gimeachd a nunn s' a nall a' trusadh neònain agus sobhruichean agus feadan-coille, agus blaidhean boidheach eile air gach taobh do'n rathad? An saighdear a t' ann? agus a' bheil e ceadaichte dha cadal, cha'n e amhàin mu choinneamh a nàmhaid, ach anns a' bhlàr, no air freiceadan? Cha'n eil math dhuibh anns na rinn sibh mur dean sibh am barrachd. Ann an obair ur slàinte cha'n eil àm tàimh: cha'n eil i cosmhuil ri ceìrd shaoghalta air am feud sibh treis a thoirt an dràsd 's a rithist, ach ri obair an duine sin tha 'tionndadh 's a carachadh na cloiche moire 'n aghaidh an uchdaich: stadadh e agus chaill e a shaothair; aona char air ais, agus an sin car air char gus an ruig i aigeal a' ghlinne. Cha'n eil àm anns am feud an Criosduidh a ràdh gu bheil an obair réidh, gu'm feud e suidhe sìos agus a bhi diomhannach.

Rachaibh air ur n-aghart gu seasmhach mata, oir tha mòran fearainn roimhibh r'a shealbhachadh, mòran bhailtean agus dhaingnichean làidir, iomadh còmhnard farsuing, iomadh tobar fiunnar uisge, ioma gleann lusrach àluinn, ioma sliabh ard tarbhach: no, gu labhairt an cainnt chumanda, tha móran agaibh air fad fhathast r'a dheanamh; tha sibh fada, fada o choimhliontachd; mòran eòlais fhathast r'a fhaotainn; tha oraclaibh Dhia anabarach farsuing—tha moran air chur mar fhiachaibh oirbh le Criosd, uime sin rachaibh air ur n-aghaidh gu coimhliontachd.

Tha sibh as déigh laimh ann an naomhachd; tha ioma coirbeachd r'a chìosnachadh ; tha ioma gràs a dhìth oirbh, iomadh uireasbhuidh r'a dheanamh suas, creidimh r'a neartachadh, dòchas r'a bheothachadh, gràdh agus taingealachd r'a theasachadh; agus chum ar brosnuchadh gu dhol air ar n'aghaidh gu seasmhach, thugaibh fainear gur h-i so an aon obair nach dùisg sgìos ; so an aon obair anns nach gabh an t-anam fadal; tha sòlais bhuan fuaighte ris an t-saothair so nach fàilnich. So an tobar uisge mu 'bheil Criosd a' labhairt tha dìreadh a suas chum na beatha mairionnaich, tha a shruthana dìomhair air an cleìth bho shùilibh an t-saoghail, a' braonadh a mach o chòsaibh nan creag, 'ga bheathachadh, air alt agus nach tràigh 's nach tiormaich e a chaoidh no gu bràth. Tha aon sochair fuaighte ri obair ar slàinte, agus ris an t-saothair a tha iomchuidh air a shon, agus 'se so e : Saothairich mar is urra' dhuit, sealbhaich mar a dh' fhaodas tu, tha tuille r'a bhuannachadh ; dìrich mar dh' fhaodas tu an t-uchdach mór, tha mullach agus mullach os do cheann : teirinn o dhoimhne gu doimhne agus chì thu gur cuan gun grùnnd tha fodhad. O ! tha leud agus farsuingeachd aig a' chòmhnard mhór so, nach faigh thu mach iomall agus crìochan na tìre gu siorruidh no gu bràth. Na stadaibh air an aobhar sin, ach bithibh seasmhach agus neoghluasadach, a' sìor mheudachadh ann an obair an Tighearna. Tha móran aig a' Chriosduidh san làimh, ach an t-anabharra san

t-sealladh. Fàsaibh ma ta ann an gràs. So an t-aon nì a dhearbhas ur creidimh; agus 'se so an sealladh a's taitniche air thalamh air fad—an Criosduidh fhaicinn a' dol air aghaidh gu seasmhach, o cheum gu ceum, o neart gu neart. 'Bheil e 'na shealladh taitneach leibh ann an òig' an earraich a bhi mothachadh tùs agus fàs nam meanglan maoth, snuadh' an t-samhraidh a' tighin air aghaidh, an duilleach òg fhaicinn a' tighin a mach, na blàithean a' fosgladh a suas 'nan làn àilleachd, agus fadheòidh am meas làn abuich? 'Bheil e 'na shealladh taitneach do shùil athar a bhi mothachadh a naoighin maoth a' tigh 'n air aghart, a leinibh a' fàs mion air mhion o thuramanaich a' mhàgarain bhig eagalaich, gus an ceum surdail daingeann? o na ceud fhocail bhriste ghoirid gu deas-chainnt shoilleir ghlain—gus fadheoidh bheil e coimhliont' ann an aird a neart? Bheil e taitneach a bhi 'faicinn na h-aitribh stàtail a' dìreadh mion air mhion, clach air muin cloiche gus an teid a' chlach-mhullaich suas le gairdeachas? ach an coimeas iad sin ri aitreabh spioradail Dhé? an coimeas iad ri cinneachduinn cloinn Dé o ghlòir gu glòir gu lànaird' an duine tha iomlan ann an Croisd? Uime sin ab-air-bhith fhad 's a chaidh sibh cheana air ur n-aghaidh, deirim ribh fhathast *Rachaibh air ur n-aghaidh;* ab-air-bhith duilgheadais, 'nur rathad, deirim ribh buadhichibh, ciod air bith fulangais agus deuchainnean a choinnicheas sibh, a rithist deirim ribh buadhichibh, bithibh cinnte-

ach gu bheil sibh an slighe ur dleasdannais' a' leantuinn an Tighearns, agus an sin rachaibh air ur n-aghaidh gu foighidneach, furachail agus gu seasmhach.

A rithist. Rachaibh air ur n-aghaidh cha 'n e amhàin gu seasmhach, ach gu buadhmhor, buaidhchaithreamach. Anns na h-uile saothair eile, tha neo-chinnteachd fuaighte ris an obair, ach cha 'n eil teagamh air bith fuaighte ris an t-saothair so ; tha a' bhuaidh, cha'n ann an earbsa ribh féin, no ri gairdein feòla, ach ri cumhachd agus fireantachd Dhé. Lag mar a tà sibh faodaidh sibh bhi làidir ann an Dia. B' uamhasach am famhair Goliah. Chuir e gu dùlan armailt Dhe Israeil, agus có thug buaidh 'na aghaidh?—An t-òganach Daibhidh. Agus ciamar, 'saoil thu? An ann le clacha mìn an t-strutha an saoil thu? 'no 'n cranntabhuill? Cha 'n ann ; bu shuarach iad sin an aghaidh claidheamh agus sgiath agus sleagh an fhamhair. Cha 'n ann ; ach chaidh Daibhidh a mach ann an ainm Tighearna nan sluagh, agus mar so fhuair e buaidh. Arsa Pòl, 'S urradh dhòmhsa na h-uile nithe dheanamh ; ach ciamar? Thà trid Chriosd a bha maille ris. 'Bheil mise 'gairm oirbh gu dol air ur n-aghaidh 'nur neart féin? 'Bheil mise 'gairm oirbh gu dol air ur n-aghaidh gu buadhmhor trid ur cunbhalachd féin? Nar leigeadh Dia! ach tha mi 'gràdh, bithibh làidir san Tighearn, agus rachaibh air ur n-aghaidh tre 'n fhàsach 's ur taic ri fear ur gràidh. Feudaidh sibh a ràdh maille ri Isaiah

(l. 7, 9.) 'Se an Tighearn Iehobhah fear mo chuideachaidh, air an aobhar sin cha chuirear mi gu h-amhluadh; uime sin shuidhich mi mo ghnùis mar chloichtheine, agus tha fios agam nach nàraichear mi. Feuch, is e an Tighearn Iehobhah m' fhear-cuidich, có a dhìteas mi? Tilgibh dhìbh leisg. Eiribh an ainm Dhia; cuiribh oirbh uile armachd Dhe, chum gu 'm bi sibh comasach air seasamh an aghaidh ur n-uile naimhdibh.

Agus a nis, an déigh dhomh mar so fheuchainn o na briathran, anns a' cheud àite gu 'm feud dùil a bhi againn ri duilgheadais ann an slighe ar dleasdanais, gu 'n imir sinn cur 'nan aghaidh, agus gu'm faodar a chuid is fearr fhaotainn diubh, chaidh mi air m' aghart an sin chum earail a thoirt oirbh a thaobh na dòigh air an còir dhuibh dol air ur n-aghaidh, anns a' 1^{d} àite gu FURACHAIL, san 2^{a} àite gu SEASMHACH; san 3^{s} àite gu BUADHMHOR; theid mi nis air m' aghaidh chum cuid a dh' aobhair-misnich a chur mu 'r coinneamh, gu 'r brosnuchadh gu dol air ur n-aghaidh gu furachail, gu seasmhach, agus gu buadhmhor; agus anns a' 1^{d} àite. Tha ceannard treun agaibh chum dol roimhibh; thainig e o nèamh chum na crìche-sa: cha 'n e amhàin gu 'n do chuimsich e mach an t-slighe, ach dh' imich e féin innte; treòruichidh e sibh mar ni buachaille na caoirich; cha 'n fhàg e sibh air àm sam bith: cha robh 'na chaoimhneas do chloinn Israeil a' dol tromh 'n fhàsach ach sgàil faoin air a cha-

oimhneas d'a phobull. Bha 'n dùthaich tre 'n robh iad ag imeachd teth, agus air a losgadh le tart; bha esan 'na mheall neòil mar sgàil o theas na gréine; chaidh an sgàil sin romhpa gach là, 'gan stiùradh agus 'gan dìon; agus am feadh a bha e toirt soluis doibhsan, bha e 'na dhubhar dorcha a' dalladh sùilean an naimhdean. Mar so theid Criosd roimh a phobull, agus geatachan ifrinn cha 'n fhaigh iad buaidh 'na aghaidh; agus anns gach am do'n t-saoghal thug e dearbhanan laidir sòlasach gur e féin an caraid a leanas nis dluithe na aon bhrathair.

Bha esan mar an ceudna 'na mheall teine san oidhche 'toirt soluis doibh san dorchadas, agus nach faod an criosduidh a ràdh—

"'Se Dia is tearmunn dùinn gu beachd,
ar spionnadh e 's ar treis:
An aimsir carraid agus teinn,
ar cobhair e ro-dheas.

Mar sin ge d' ghluaist' an talamh tròm,
ni h-aobhar eagail duinn:
Ge d' thilgteadh fòs na slèibhte mòr
am builsgein fairg' is tuinn.

San tìr tha tartmhor teth bidh e mar sgàil craige móire ann an tìr airsneulaich. O! càiribh sibh féin air a chaoimhneas gràidh. Tha 'm fearann so 'na fhearann sgìth, tìr thioram thartmhor theth gun uisge. Amhaircibh ma ta do ghnàth air ur ceannard. 'Se Iosua a threòruich na h-Israelich a stigh do fhearann a' gheallaidh —'se Iosa threòruicheas a phobull féin do'n

Chanaan nèamhuidh—'si 'bhratach aige-san amhàin a gheibh buaidh ; an là a thrêigeas sibh esan no esan sibhse, tha sibh caillte. Fhad 's a chùm Maois suas a lamh an aobhar chloinn Israeil air a' bheinn, chaidh gach ni leotha, bhuadhaich iad : ach 'nuair leig e sìos i, chaidh na h-uile nithe 'nan aghaidh. Cumadh sibhse ur sùilean air-san, cumhachd agus gliocas Dhe chum slàinte. Fhad 's a tha sealladh soilleir agaibh air agus air 'obair as ur leth, cha 'n eagal duibh, ach an uair nach 'eil esan air àrdachadh 'nur sealladh, fàilnichidh agus tuitidh sibh ; ach ged tha esan maille ribh' a' gealltainn seasamh leibh, a' buileachadh cumhachd mòr; gidheadh, imridh sibh air dìchioll féin chleachdadh. Mothuichibh na rinn Dia airson nan Israelach ; bha iad air an gairm gu deuchainnean agus cunnartan ; ged bha Dia maille riu bha aca cath mar gu 'm biodh na h-uile ni an earbsa riu féin. Ged bhuaileas sibh gu làr ur n-uile naimhdean éiridh iad a rithist agus a rithist; ach 'nuair a leònar sibhse tha léigh agaibh : amhaircibh ris-san agus bithibh air ur slànachadh ; agus ged a gheibh ur naimhdean air uairibh buaidh 'nar n-aghaidh, agus a sguabas iad sibh romhpa, cumaibh an sùil air ur ceannard ; amhaircibh suas ri comharadh na buaidh an crann ceusda, agus teichidh iad. Bithibh uime sin làn misnich. Esan a threòruich a phobull tre 'n fhàsach sgìth, air alt's nach do chaith eadhon am brògan, gabhaidh e cùram dhìbhse ; cha bhi trusgan a dhìth oirbh fhad's tha fireantachd aig

Criosd gu 'r n-éideadh. Cha bhi acras oirbh fhad's tha mana an nèamh : 's esan an t-aran thainig a nuas o nèamh. Iarraibh e moch agus anmoch gach là ; agus bithibh làn dearbhte ge b'e neach air bheil acras gun sàsuichear e.

Nach do mhothuich sibh so an diugh ?—nach d'fhuair sibh lòn do'r n-anmanna ?—nach do shàsuich e ur n-anmanna le nithe math a theach ? Cha bhi uireasbhuidh oirbh nach dean esan suas. 'Bheil am fàsach tioram ?—tha creag aig Horeb as an tig uisge 'leanas sibh trid ur n-uile thurus. 'S i 'chreag so Criosd. Lean an t-uisge thainig aisde na h-Israelich 38 bliadhna. " 'S mise," arsa Criosd, "an t-uisge beò." Cha dìbir an t-uisge 'n t-eilthireach truagh air àm sam bith. Có dh'òl riabh as nach d'fhuair faothachadh d'a anam ? " Ho ! gach neach air a' bheil tart, thigibhse chum nan uisgeachan, agus òlaibh an nasguidh agus gu saor."

Aon nì eile thairginn chum ur brosnuchadh—'se sin, an dùthaich bheanuichte gu 'bheil sibh a' dol, agus a' chuideachd ghlòrmhor tha air an aon turus maille ribh—maithean an t-saoghail air fad, oighreachan na beatha mairionnaich, clann Dhia o gach dùthaich agus rìoghachd, air an turus chum glòir ; agus O cia glòirmhor an dùthaich gu 'bheil iad a' trìall !—Canaan nèamhaidh ta os an ceann —tìr far am bheil aibhnichean na beatha a' sruthadh o chathair Dhé agus an Uain—far am bheil craobhan le duilleach mar leus do na fineachan—tìr far nach bi deur tuillidh air an t-sùil, no osna

bhròn san uchd—tìr far nach ruig bàs, nach dealaich càirdean. Fhuair sibh an diugh sealladh taitneach air an duthaich so. Dhìrich sibh beinn Phisga. Nach maiseach na chunnaic sibh! ach an deich mìle cuid, có 's urrainn a chur an céill? Bu taitneach an diugh an oiteag a shéid o'n dùthaich bheannuichte! bu mhilis agus blasda. O! bu sgiamhach an aona bhagaid fhìon-dearcan o Escol a chunnaic sibh an diugh, agus air na bhlais sibh mar earlais air saoibhreas na tìre. O mo chairdean, nach bu taitneach na pomgranata agus na figis a chuireadh an diugh 'nur làimh? Na creidibh na gealtairean tha 'g ràdh gu bheil famhairean ann. Eisdeadh sibhse ri Ioseph agus Caleb, na daoine misneachail gasda dh'innis an fhìrinn. Is fearann e a ta 'sruthadh le mil agus bainne. Abraibh mata, rachamaid suas a dh'aon fheachd, agus sealbhaicheamid e, oir 's urrainn sinn gu cinnteach a shealbhachadh. 'S urrainn, gu cìnnteach. Có iad sud shuas os ar ceann?—có iad sud, le'n trusgana fada geala, agus pailm 'nan làimh? Sud iadsan a choisinn rìoghachd Dhé, a chuir an cath, a chaidh air an aghart. Tha iad a nis tèaruint' air Beinn Shioin an âigh, ag amharc a nuas air na cunnarta mòra tre'n deachaidh iad, na deuchainnean mòr a dh'fhuiling iad. Tha iad a *smèideadh* oirnn éirigh agus an leantuinn; agus ni'n glaodh sibh oirnn an diomhain! Éiridh sinn gu cinnteach ann an airm ar ceannaird thréin, agus *theid sinn air ar n-aghaidh.*

A mhuinntir òg, sibhse ta comasach air airm,

a ghiùlan, sibhse ta ann an òg-mhadainn ur laithean, sibhse chuir an diugh ur làmh ris a' chrann, a ghabh Criosd an diugh mar cheannard, éireadh sibhse gu duineil. Tha sibh 'nur fianuisean an aghaidh a chéile gu'n do gheall sibh an tigh Dhé seirbhis a dheanamh dha. Cuiribh an cath math; cuiribh teas an latha seachad fhad's a tha ur neart 's ur slàint' agaibh; na meataichibh san deagh chòmhrag. An diugh an latha, an diugh an t-àm taitneach. Bha an là air a shìneadh a mach do Iosua, ach cha sìnear, gu mìorbhuileach, an latha dhuibhse—cha seas a' ghrian 's na speuraibh gus an crìochnaich sibh ur cùrsa. Faicibh i cheana an àirde nan speur, 'na dian-ruith gu dol fodha san iar. Agus sibhse, O 'mhuintir aosdar, d'am bheil neula an anmoich dlùth, aig a' bheil faileasan fada caola. Mosglaibh! 's mithich dùsgadh o'r cadal, oir tha ur slainte ni's dlùithe na 'nuair chreid sibh. Cha'n ann 'nuair tha'n comharadh san t-sealadh, an duais san làimh, is cubhaidh dhuibh suidhe sìos, agus tuiteam 'nur cadal. Iadsan tha 'ruith réis, gu h-àraid iadsan a ta air thoiseach, ath-bheothaichidh iad mar is dlùithe tha iad a' tarruing air a' chomh-arradh. Faic iad 'nan dian-ruith g'a ionnsuidh. Nach siùbhlach an ceum?—nach ard-thogarach an t-sùil?—nach cridheil sunndach an spairn leis am bheil e 'leum a stigh gus an coron-duais a ghlac-adh? Am maraiche bha fad' air falbh, air udal air a' chuan, 'nuair thig e'n sealladh a dhùthcha féin, 'nuair chì e mullach nam beannta dubh-ghorm

sin tha dìreach os-ceann a thighe féin, nach sgaoil e gach seòl ri crann?—nach tog a chridhe ris an àite tha 'na dhéigh, an oiteag sin tha 'ga sguabadh gu togarach air aghaidh dh'ionnsuidh cala a ghràidh, far a' bheil a chàirdean a' feitheamh gu fàilte chur air, a chlann bheag le'n lamhan sìnte 'na chomhdhail?—an cala far nach seid stoirm, nach éirich fairge, ach fè nan ian, sìth agus sàmhchair shìorruidh!

Éiribh, éiribh, mo chàirdean! Rachaibh air ur n-aghaidh. 'Nuair ruigeas sibh crìoch ur turuis, cha bhi ur sùil an déigh ur saoithreach. Tha'm bàs a ta roimhibh mar an cala ceudna dhuibhse. Ma tha sòlas a' mharaiche, 'n déigh a' chala fhaotainn, 'nuair gheibh e roimhe 'athair agus a mhàthair, a bhràithrean agus a chàirdean, luchd-comain agus eòlais, agus gu h-àraid ma thug e leis nithe cho tarbhach 's gu'm feud e fuireach maille riu gu bràth; an ioghnadh aighear a bhi air na naoimh, air pobull Dia, 'nuair dh'inntricheas iad a stigh do shuaimhneas siorruidh, far am bi iad an comunn ri Dia agus Criosd, ri ainglibh agus ard-ainglibh, agus anmanna dhaoine matha air an deanamh foirfe ann an glòir. Ma tha sòlas aig daoine anns an fhogharadh a chrìochnachadh gu math, ann an sealbhachadh toradh an saoithreach, agus a' faicinn lòn mu choinneamh a theaghlaich; an ioghnadh sòlas a bhi air naoimh 'nuair dh'inntricheas iad a stigh a shealbhachadh toradh an creidimh ann am beatha nach teirig? Ma thug clann Israeil taing do Dhia air

tiombalaibh, a thug iad tèaruinte troimh 'n Mhuir-Ruaidh, 'nuair a chunnaic iad Pharaoh agus 'fheachd a' bàsachadh san fhairge ; an ioghnadh pobull an Tighearna, le cridheachan sòlasach, a thoirt taing do'n Ti a's àirde, thug iad chum an ionad ghlòrmhoir sin, gu h-àraid 'nuair chì iad peacaich a' bàsachadh fo fheirg mhilltich an Uile-Chumhachdaich ? O ! nach cuidhe dhuinn a smuainteachadh gu'm bi sòlas far am bi Dia ?—suaimhneas far am bi Criosd ?

Cha ghabh mi brath ni's faide air ur foighidinn. Crìochnaichidh mi le aon ni chur 'nur cuimhne—agus 's e sin, do'n t-sluagh mhór a dh'fhàg an Eiphit, (*sia ceud mìle,* a bharrachd air cloinn agus mnathan), cha deachadh ach dithis a stigh do Chanaan! A Dhia, dean tròcair air ar n-anmanna ! Thubhairt Thu, " 'S tearc iadsan a bhios air an tèarnadh ;" agus ann an so tha comharadh agus dearbhadh uamhasach againn air an fhìrinn eagalaich sin. O ! mata, cleachdaibh na h-uile dhìchioll chum ur gairm agus ur taghadh a dheanamh cinnteach ; làn-oibrichibh a mach ur slàinte le eagal agus ball-chrith. Os-ceann na h-uile ni, amhaircibh a dh'ionnsuidh Dhé trid Chriosd ; trid urnuigh agus earbsa mhór, biodh ur sùilean ris. Lotar sibh le nathraichean nimhe an t-saoghails', ach amhaircibh air an nathair phrais le creidimh. Agus a nis, dhàsan is urrainn ar tèarnadh, agus ar cumail o thuiteam—dhasan, an Dia a chruthaich sinn, am

Mac a shàbhail sinn, an Spiorad Naomh is urrainn ar naomhachadh, ar fàgail deas, agus ullamh airson gach deagh obair agus gnìomh! Do'n Trìonaid ghlòrmhor uile, gu robh glòir, urram, agus moladh, gu sìorruidh! *Amen.*

Glasgow:—Edward Khull, Printer to the University.

